

A' Dol Dhachaigh le Iain Mac a' Ghobhainn



A' dol dhachaigh! Chan eil càil còttach ris. 'S iomadh là 's oidhche bha mi deimhinn nach fhaicinn mo dhachaigh a chaidh. 'S an-dràsta fhèin tha e duilich a chreidsinn. Bha an cogadh cho fada 's an t-slighe cho dòrainneach. An-dràsta fhèin tha a' chlogaid stàilinn nam bhaga. Tha mi smaoineachadh gun cuir mi dìtheannan innte, mar phoit, airson toirt gu buileach air falbh bhuam am murt 's am marbhadh a thachair, ged a tha mise sàbhailte.

Tha e fuar a-nochd ach chan eil sin a' cur dragh orm. Bidh na taighean blàth nuair a ruigeas sinn iad aig a' cheann thall. Bidh gach nì mar a bha e roimhe. Faodaidh sinn èirigh anns an t-sàmhachd, faodaidh sinn ar n-aodach cogaidh a chur dhinn. Faodaidh sinn èisteachd ris a' chòmhradh làitheil.

Nach geal na rionnagan anns an adhar. Nach geal a' ghealach. Truinnsear mòr geal. Fàgar na commandairean nan rioghachd fhèin. Leanadh iad orra a sgrìobhadh òrdughan air an cuid phàipearan mas toil leotha e. Tha na saighdearan a' dol dhachaigh. 'S tha an t-soitheach a' fàgail. Fairichidh mu a buille fo mo chasan a tha nas cleachdte ris an talamh. Chì mi troimh na h-uinneagan na speuran geal le reothadh.

Tha mi nise dà bhliadhna air fhichead. Càit an deach m' òige? Shìl i air falbh anns na batail, 's tha mi nas aosta na m' athair. Chan eil fhios aig duine air an talamh uaine ud na nithean a thachair dhomhsa 's do mo sheòrsa. Feumaidh mi bhith faiceallach, chan eil math dhomh innse dhaibh, oir cha tuigeadh iad mo smuaintean. Thig mi dhachaigh nam measg mar choigreach.

Tha mi air call cuimhne air na seann òrain. Cha mhòr nach eil mi air call cuimhne aig amannan air mo chànan. Chunna mi mo chompanaich a' bàsachadh ann an stoirm fala. Tha mo shùilean, saoilidh mi, air dath na fala, dearg, mar shùilean ainmhidh. Feumaidh mi bhith faiceallach.

Chan aithnich mo chlann mi, tha mi cinnteach. Aig dà bhliadhna air fhichead! Smaoinichibh! Bidh mi nam choigreach dhaibh. Ach thèid na làithean seachad 's fàsaidh sinn nas dlùithe air a-chèile. Ged a tha ceithir bliadhna fada chan eil annta ach ceithir bliadhna, a dh' aindeoin cùis.

An-dràsta fhèin, chì mi nam inntinn mo chàirdean a' deasachadh a' bhùird. Chì mi na solais a' dealradh air na ballachan, air na copanan. Chì mi na nàbaidhean a' dèanamh gàirdeachas. Oir bidh an saoghal mar a bha e roimhe. No nas fheàrr na bha e roimhe. Saoghal ùr gun mheang. Oir tha sinn uile air mòran ionnsachadh. Thug sinn a-mach ar sgoilearachd anns an dorchadas.

Ceithir uairean a thide 's mi iad a-rithist. Tha buille na soithich a' fàs nas làidire. Tha an cuan na bhreislich fodhainn, 's an caiptean air an drochaid, aodann geal anns an dorchadas. Tha fhios aige-san dè tha e a' dèanamh, 's faodaidh sinne, ma thogras sinn, an leabaidh a thoirt oirnn. Tha sinn uile toilichte ar n-uallach a leigeil sìos. Chì mi sròn na soithich 's i a' gearradh troimh' n chuan, a sròn bhiorach shearbh. 'S math an t-ainm a thug iad oirre:

AN IOLAIRE.